


An ad sheunta




Susan Akass • Jan Nesbitt

An ad sheunta



An teacsá Susan Akass
Na dealbhan Jan Nesbitt
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR



Cha robh am Prionnsa Ivan idir toilichte.
Bha mòran dhèideagan aige
ach cha robh e airson cluich leotha.
“Saoil dè nì mi an-diugh?” thuirt e.



Ruith am Prionnsa Ivan sìos an staidhre.
Bha a' bhàrnigh an sin.
“Tha mi a' dol a-mach a chluich,” ars esan.
“Cuir ort d' ad mus tèid thu a-mach,”
thuirt a' bhàrnigh.
“Tha i eagalach fuar a-muigh.”






Ruith am Prionnsa Ivan chun a' phris.
Bha adan gu leòr aige, adan dearga,
adan gorma, adan uaine agus adan buidhe.
Thog e aon agus choimhead e rithe.
“Ciamar a b' urrainn dhomh cluich agus ad
mar seo orm?” ars esan.



Ach thug e an aire do bhogs-a-ad dearg.
Air a' mhullach bha na facail, ‘Na fosgail’.
“Dè tha am broinn seo?” ars am
Prionnsa Ivan, agus thog e am mullach
dheth. Anns a' bhogs-a-ad àlainn,
annasach. “Seo ad dhòmhsa a-nis!”
ars esan.






Ruith am Prionnsa Ivan a-mach dhan ghàrradh.
Bha a' ghaoth a' sèideadh agus a' sèideadh
agus bha i cho fuar ris an t-sneachda.
“Cuiridh mi orm m' ad,” thuirt Ivan.



Ach 's e ad sheunta a bha ann agus thòisich
am Prionnsa Ivan a' faireachdainn neònach.
“Haoidh! Dè tha a' tachairt dhomh?” dh'èigh
am Prionnsa Ivan. Dh'fhàs e cho beag ri luch!





“An còrdadh cnothan riut?” dh’fhaighnich an luch.

“Tha gu leòr dhiubh an seo. Leag a’ ghaoth iad far na craoibhe.”

“Chòrdadh gu dearbh,” arsa am Prionnsa Ivan agus shuidh e sìos air duilleig.



Ach sa mhionaid sin shiab a’ ghaoth a-rithist.
Shiab i an duilleag suas dhan adhar.

“Cuidich mi!” dh’èigh am Prionnsa Ivan.
“Tha mi ag iarraidh sìos.”

Ach bha a’ ghaoth làidir agus shiab i an duilleag suas thairis air balla a’ chaisteil.



Sgèith eun far an robh e.

“An cuidich thu mi?” dh’èigh am Prionnsa Ivan.

Chunnaic an t-eun e agus sgèith e às dèidh
na duilleig cho luath ’s a b’ urrainn dha.

“Glacaidh mise an duilleag nam ghob,”
dh’èigh e.



Ghlac an t-eun an duilleag agus thug e
am Prionnsa Ivan air ais dhan ghàrradh.
Chuir e sìos e gu socair air an fheur.



Choimhead am Prionnsa Ivan suas tron fheur
fhada. “Ciamar a gheibh mi dhachaigh a-nis?”
thuirt e.




Thòisich am Prionnsa Ivan a' putadh an fheòir
às an rathad air.
Ach an uair sin nochd uilebheist.
Bha e mòr.
Bha e gaoisideach.
Bha ochd casan air agus bha e a' tighinn
às a dhèidh!



Dh'fhalbh am Prionnsa Ivan na ruith.
Ruith e gu balla agus shreap e suas cho luath
's a b' urrainn dha. Cha tug e sùil air ais.



Nuaир a ràinig e am mullach choimhead e sìos.
Chunnaic e lòn-gàrraidh. "Saoil an còrd uisge
ris an uilebheist?" thuirt am Prionnsa Ivan.
"Tha mise a' falbh co-dhiù!"





Splais! Leum e a-steach dhan lòn,
thuit an ad sheunta dheth agus
dh'fhàs e mòr a-rithist.



Ruith am Prionnsa Ivan air ais dhan d' chaisteal.
Bha a' bhàrnigh an sin agus i glè chrosta.
“Ivan! Ach gu dè bha thu a’ dùanamh?”
thuirt i. “Fhalbh agus cuir aodach glan ort
mus tig an cnatan ort.”





Ruith am Prionnsa Ivan gu a rum.
 Chuir e an ad sheunta air ais dhan bhogsa-ad.
 “Tapadh leat, ad sheunta,” thuirt e.
 “Cha chòrdadh e idir rium a bhith beag
 a-rithist.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
 Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
 earrann de Foghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
 JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
 IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Susan Akass 1997

A' chìad foillseachadh 1997

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig òs leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
 air MRG. Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
 aith-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
 Gheibhearr clúr-catalogoidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Susan Akass a' deasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
 mar ùghdar na h-obrach seo.

Cò-bhualite le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 662 7